



## Tìotal: Caraidean agus Dàimh

### Pàirt 1: Dè th' ann an caraid?

Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha mi a' faighinn agus a' cleachdadh sgilean airson dèiligeadh ri dàimhean a tha ag atharrachadh, agus tha mi a' tuigsinn mun bhuidh mhath a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo shunnd fhaireachail. HWB 2-45a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis agus dàimh.</li><li>• Ag aithneachadh na sgilean a dh'fheumar airson dàimhean a tha ag atharrachadh a làimhseachadh, me fulangas, mothachas/dìlseachd, coibhneas, seasmhachd agus spèis.</li><li>• A' mìneachadh buaidh dhàimhean air sunnd fhaireachail.</li></ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann gu bheil diofar sheòrsaichean dhàimhean ann
- Gun aithnich clann gun gabh dàimhean a thogail agus a chumail suas ann an suidheachaidhean sòisealta mun timcheall agus air-loidhne.
- Gum bi fios aig clann gu bheil dàimhean deimhinneach rin co-aisean math a thaobh slàinte is sunnd dhaibhsan agus do dhaoine eile.
- Gun toir clann seachad eisimpleirean de sgilean agus giùlan a neartaicheas dàimhean agus ceanglaichean len co-aisean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha mi ag iarraidh bho dhàimhean agus mun t-seòrsa caraid a th' annam fhìn.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air buannachdan agus dùbhlain a dh'fhaodas a bhith an lùib dhàimhean.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt de rudan a dh'fhaodas mi a dhèanamh airson dàimhean a thogail agus a neartachadh.
- Tha mi a' tuigsinn nach fheum mi a bhith nam dhlùth charaid dhan h-uile neach, ach faodaidh mi a bhith càirdeil agus coibhneil.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- A3 prop 'Aodann càirdeil'
- Cairtean: Feartan deimhinneach a bhios aig caraid
- Bàrdachd

## Obair

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe comhla. Ma ghabhas e dhèanamh, tòisich mar seo. Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh sreath leasanan far am bi iad a' bruidhinn mu bhith nad charaid. Tòisich le ceist air a' bhòrd gheal: **Dè th' ann an caraid?** Dèan sgrùdadh air na freagairtean. Dh'fhaodadh sibh cuideachd meòrachadh air: Carson a tha dàimh cudromach dhut/dhuibh? An uair sin seall am mìneachadh (thairis air 2 shlaighd) agus dèan cinnteach gu bheil iad gan tuigsinn.

**Dè th' ann an caraid?** 'S e neach a th' ann an caraid a tha gu math eòlach ort agus a tha a' còrdadh riut. 'S e neach a th' ann an caraid anns an urrainn dhut earbsa a chur agus a bhios math dhut.

Faodaidh tu a bhith càirdeil ri mòran dhaoine, ach tha caraid na neach sònraichte dhutsa.

2. **Nuair tha caraid agad.** Fuirichibh mar bhuidheann sa chearcall agus inns dhan chloinn gu bheil thu airson tuilleadh smaoinichidh a dhèanamh air dè th' ann an caraid. Inns gu bheil ceistean agad (6) agus gu bheil thu airson gun obraich a' chlann ann am pàidhrichean agus bruidhinn ri caraid rin taobh. Theirig tro na ceistean tè mu seach, a' brosnachadh còmhraidh sna pàidhrichean, agus faigh fios air ais mar a tha thu a' dol air adhart.

1. Ciamar a tha fios agad gu bheil cuideigin na charaid dhut?
2. Dè na seòrsachan rudan a bhios caraidean a' dèanamh còmhla?
3. Dè as toigh leat mu do charaidean?
4. Dè as toigh le do charaidean mu do dheidhinn-sa?
5. Dè th' ann an deàgh charaid?
6. Càit am bi cothrom againn coinneachadh ri caraidean ùra agus caraidean ùra a dhèanamh?

San sgoil?

Sa choimhearsnachd againn?

3. **Aodainn Càirdeil: Dè an seòrsa caraid a th' annam?** Till a' chlann air ais chun nam bùird aca, ach an toiseach beagan mìneachaidh. Dèan ullachadh ro-làimh air prop - duilleag bhàn A3 (air pàipear geal no pàipear siùcair) le cumadh aodainn sa mheadhan. Fhad 's a tha thu a' mìneachadh, cleachd siosar airson an t-aodann a ghearradh a-mach agus cùm an duilleag suas air do bheulaibh airson 's gum bi d' aodann ann am frèam. Feumaidh a' chlann an aon rud a dhèanamh. An uair sin tha aca ris na feartan a th' aca fhèin mar charaid a sgrìobhadh timcheall air an toll sa phàipeir. Mar sin, ma tha iad coibhneil sgrìobhaidh iad coibhneil.

Inns dhan chloinn gu bheil mòran fheartan deimhinneach ann a dh'fhaodadh a bhith aig caraid (dh'fhaoite gu bheil iad air an comharrachadh mar-thà), ach seo beagan bheachdan airson cuideachadh. Geàrr a-mach seata de na cairtean fheartan (Feartan càirdeis) airson gach bòrd far am bi clann ag obair - fhad 's a tha iad fhathast nan suidhe còmhla, leugh gach fear a-mach à aon de na pacaidean, dèan cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn tuigse na th' aca ri dhèanamh, agus can nach eil anns na cairtean ach cuideachadh le cuid de bheachdan, mar thoiseach tòiseachaidh.

4. Fhad 's a tha a' chlann ag obair, air ais aig na bùird aca, brosnachadh iad gus a chèile a chuideachadh ma tha duilgheadas aca. Brosnachadh a' chlann gus sgeadachadh a dhèanamh air a' phostair mar a tha iad a' clàradh nam beachdan.
5. **Taisbeanadh.** Inns dhan chloinn gum bi iad a' sealltainn nan Aodainn Chàirdeil aca dhan chlas sna làithean a tha romhaibh. Mar thoiseach tòiseachaidh iarr air 3 no 4 a chloinn a tha deònach na duilleagan acasan a shealltainn (leis na h-aodainn aca ann am frèam). Fhad 's a tha iad a' sealltainn nam frèamaichean aca, brosnachadh a' chlann eile gus na feartan deimhinneach aca fhèin (nach eil aig a' chlann mar-thà) a mholadh. Gabh an cothrom cur ris an seo mar thidsear/neach-stiùiridh: "Fhios agad (ainm) chunnaic mise thu a' cuideachadh (ainm) an-diugh; tha thu tric coibhneil ri do charaidean, tapadh leat airson sin".
6. Airson crìochnachadh, inns dhan chloinn gum bi sinn a' cluinntinn bàrdachd mu **charaidean agus dàimh** thairis air an ath 2 no 3 làithean. Seall pìos bàrdachd air a' Smartboard (no pìosan eile a thagh thu fhèin). Cuimhnich cothrom a thoirt dhan chloinn na h-Aodainn Chàirdeil aca a shealltainn mu na lathaichean seo. Agus coimheadaibh air pìos bàrdachd Càirdeis gach latha.

### Ceangal ris an dachaigh

*Gabhaidh an teacsa gu h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.*

Sa bhloc seo, nì a' chlann sgrùdadh air dàimhean agus càirdeas agus thèid am brosnachadh gu bhith a' smaoinichadh mu na bhiodh iad ag iarraidh bho charaid agus mun t-seòrsa caraid a bhiodh annta fhèin. Nì a' chlann sgrùdadh air buaidh dheimhinneach dhàimhean a bharrachd air cuid de na dùbhlain a tha an cois a bhith a' cumail suas dhàimhean. Faodaidh iomagain a bhith air clann mu dhàimhean, faodaidh iad a dhol far a chèile agus argamaidean a bhith eatarra. Tha sinn airson clas deimhinneach a chruthachadh far a bheil clann a' faighinn air adhart còmhla. Tha sinn airson gum bi e comasach dhan chloinn a bhith a' dèiligeadh ri atharrachaidhean ann an dàimhean. Bidh sinn a' cuideachadh na cloinne gus tuigsinn nach fheum iad a bhith nan dlùth charaidean dhan h-uile duine, ach faodaidh iad a bhith càirdeil agus coibhneil. Leis gum bi mòran den chloinn air-loidhne agus is dòcha gum bi iad ag a' conaltradh ri daoine air-loidhne, seallaidh sinn cuideachd carson agus ciamar a dh'fhaodas dàimh air-loidhne a bhith eadar-dhealaichte bho charaid air a bheil thu eòlach agus a choinnicheas tu san sgoil no a-muigh a' cluich. Ma tha dragh ort mu dhàimhean do phàiste, cuir fios thugainn san sgoil.

### Beachdan eile


- Nuair a tha am bloc seo seachad, brosnachadh a' chlann gus na h-Aodainn Chàirdeil aca a thoirt dhachaigh.
- Faodaidh clann sgeulachdan goirid no bàrdachd a sgrìobhadh air a' chuspair 'Cairdean'.

### Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

A' togail dhàimhean/a' dèanamh charaidean

Cairdean air-loidhne/far-loidhne

## Nòtaichean Tidseir



## Suggested Poems

### The Pleasures of Friendship

by Stevie Smith

The pleasures of friendship are exquisite,  
How pleasant to go to a friend on a visit!  
I go to my friend, we walk on the grass,  
And the hours and moments like minutes pass.

### True Friendship

by William S. Tsoukalas Snr.

The feeling of friendship from the start  
Is that special feeling in your heart  
A feeling from deep down inside  
A feeling that no one should hide  
A friend is there through good and bad  
They make you happy when you're sad  
They brighten up your darkest day  
Just by the simple things they say  
Now friendship can't be bought or sold  
It may get tarnished, and may get old  
You can overcome your greatest fear  
Just look around and it is there  
Now friendship's one and only cost  
Is to make sure that it's never lost

### Friendship

by Christina Christina

friendship is love but not in love  
friendship is a secret never to be told  
friendship is a shoulder to cry on  
friendship is not having to say sorry but do  
friendship is not judging no matter what  
friendship is someone to run too when things are tough  
friendship is a hand to hold when things are so rough  
friendship is someone to laugh with not at you  
friendship is just knowing they are there  
my friend is all of these hope you have one just like her...

### The Best of Friends

by S. Jill Wolf

The best of friends,  
Can change a frown,  
Into a smile,  
when you feel down.  
The best of friends,  
Will understand,  
Your little trials,  
And lend a hand.  
The best of friends,  
Will always share,  
Your secret dreams,  
Because they care.  
The best of friends,  
Worth more than gold,  
Give all the love,  
A heart can hold.